

DUALCHAS NÀDAIR NA H-ALBA – POILEASaidH CÀNAN GàIDHLIG

ROIMH-RÀDH

1. Dheasaich Dualchas Nàdair na h-Alba poileasaidh Gàidhlig airson dà phrìomh adhbhar.
 - A dhearbhadh gu bheil amasan SNH a thaobh an dualchas nàdarra gam mìneachadh tron Ghàidhlig far a bheil sin reusanta.
 - Conaltradh tro Gàidhlig a thoirt gu ìre cunbhalachd far a bheil sin a' bualadh air raointean obrach agus buaidh na buidhne.
2. Chaidh am poileasaidh a dhealbhadh mar chomharradh air a' cheangal bunaitich a th'ann eadar a' Ghàidhlig agus an dualchas nàdarra agus cuideachd air ath-bheothachadh cànan is cultar nan Gàidheal.

AMASAN A' PHOILEASaidH

3. 'S e amasan a' phoileasaidh seo:
 - Dearbhadh gu bheil poileasaidh SNH a thaobh cunntachalachd agus follaiseachd ga choileanadh an Gàidhlig.
 - Conaltradh agus co-thuigse a leasachadh le luchd-labhairt na Gàidhlig sna coimhearsnachdan
 - Cothrom a thoirt do SNH taic ri feumalachdan agus cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhan, tron eadar-lìon agus an irisean.
 - Innleachdan a chruthachadh son Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltran an co-cheangal ris an dualchas nàdarra.

CUR AN GNÌOMH A' PHOILEASaidH

4. Tha am poileasaidh seo gu sònraichte a' bualadh air sgìrean far a bheil àireamh susbaintich dhen choimhearsnachd gu cunbhalach a' cleachdadh na Gàidhlig nan dòigh-beatha agus tro fhoillseachadh. Tha seo a' gabhail a-steach measadh freagarrachd a bhith foillseachaidh gu corporra agus ionadail, agus fiosrachadh ann an Gàidhlig.

FASDADH LUCHD OBRACH AGUS TRÈANADH

5. Bu chòir, nuair a thathas a' fasdadh luchd obrach no buill a' bhùird, a bhith a' breithneachadh gu bheil e na bhuidhean a bharrachd ma tha eòlas aca air a' Ghàidhlig.
6. Bu chòir luchd obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh, no piseach a thoirt air an cuid Gàidhlig, no fileantachd a dhaingneachadh, a mhisneachd gu sin a

dhèanamh taobh staigh planaichean leasachadh pearsanta, air an ceangal ri amasan structarail SNH a thaobh pàigheadh airson cosgais trèanaidh.

CEANGALAN POBLACH

7. Thèid Oifigear Mheadhanan a chomharrachadh le uallach bhith a' mìneachadh agus a' sgaoileadh dleastanas SNH agus an teachd-a-mach tro mheadhan Gàidhlig; cuideachd a bhith a' brosnachadh cùisean an co-cheangal ri SNH, gu sonraichte anns na sgìrean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig san dualchas. A-measg ghnothaichean eile bidh an neach sin a' cuideachadh le eadar-theangachadh son foillseachadh agus litrichean.
8. Cleachdar cuideachd luchd obrach agus buill a' bhùird a tha fileanta sa Ghàidhlig airson a bhith a' mìneachadh phoileasaidhean agus a bhith a' brosnachadh leasachadh an dualchas nàdarra san sgìre tro agallamhan agus sgrìobhadh ann an meadhanan na Gàidhlig. Thèid fiosrachadh agus cuideachadh a thoirt do luchd-obrach a tha a' frithealadh coimhearsnachdan Gàidhlig air fuaimneachadh agus litreachadh ainmean-àite is a leithid sin.
9. Bidh sanasachd agus soighnichean SNH ann an raointean agus innleachdan freagarrach dà-chànanach, far a bheil sin iomchaidh.

SOIGHNICHEAN AGUS FOILLSEACHADH

10. Thèid poileasaidh SNH a dhaingneachadh tro chleachdadh na Gàidhlig air soighnichean, air pàipear agus tro fhoillseachadh. Far a bheil e iomchaidh, cleachdaidh SNH gu dìcheallach soighnichean dà-chànanach air togalaichean agus air uidheamachd. Thèid taghadh de na tha ga fhoillseachadh le SNH a' deisealachadh sa Ghàidhlig. A bharrachd air sin nuair a thig litreachan gu SNH ann an Gàidhlig, thèid oidhirp a dhèanamh am freagairt anns a' Ghàidhlig.
11. Bidh ainmean àitean ceart air an cleachdadh air foillseachaidhean airson mìneachadh an ceangal eachdraidheil eadar an dualchas cultarach agus nàdarraich.

MEASADH POILEASAIDH

12. Seach is gur e poileasaidh ùr a tha seo dha SNH, bi e iomchaidh sùil eile a thoirt air ann am bliadhna eile.

An t-luchar 2000